



OILTHIGH  
OBAR DHEATHAIN

SOILLSE

# Gàidhlig anns na roinnean poblach: manaidsearachd, ideòlasan agus cleachdaidhean

---

Ingeborg Nic A' Bhraonaigh

University of Aberdeen / Soillse

r01iab13@abdn.ac.uk

## Iomairtean cànanach an 20mh linn

Toiseach an 20mh linn:

Taic shòsio-eaconomach airson sgìre shònraichte na Gàidhealtachd

1980an air adhart:

Iomairtean gus an cànan fhèin a neartachadh agus leasachadh:

- Na Meadhanan (Radio nan Gàidheal agus Achd Craolaidh le Maoin Telebhisein Gàidhlig)
- Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- Buidhnean leasachadh cànan

‘... relatively little consideration has been given to matters of language development in a more formal sense, to language planning, or to language policy. There has been a serious lack of strategy to this ‘renaissance’ and fundamental questions have been side stepped. Initiatives have tended to be uncoordinated and haphazard, driven without the guidance of theory or the control of planning’

(McLeod, 1999: 279)

‘a nigh complete reliance on the school and other ‘higher order props’

(Fishman, 1991: 380)

## Achd na Gàidhlig (2005)

‘a’ glèidheadh inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil dhan a bheilear a’ sealltainn an aon spèis ‘s a tha dhan Bheurla ann an Alba’

Stèidheachadh Bòrd na Gàidhlig gus


‘bun-stèidh oifigeil a thoirt dhan iomairt’

‘Plana Cànain Nàiseanta ullachadh’

Tha ùghdarras aig Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh air ùghdarasan poblach planaichean cànain Gàidhlig a leasachadh agus fhoillseachadh mar riatanas

## Amasan pròiseact rannsachaidh

Stèidhichte air modail poileasaidh cànanain aig Spolsky, chaidh buaidh manaidsearachd oifigeil cànanach air cleachdadh cànanain de facto an luchd-labhairt a sgrùdadh:



## Sgìre rannsachaidh: Paraiste catharra Steòrnabhaigh



12, 654 luchd-còmhnaidh

‘only settlement with ‘urban’ characteristics (CnES)

Seirbheisean malairteach agus rianachail

Ire de Ghàidhlig aig 43.5% den t-sluaigh ann an 2011

## Rannsachadh

- 5 seachdainean fa leth de chuirtean rannsachaidh eadar am Faoilleach agus a' Cheitean 2015
- 12 leabhair-latha luchd-labhairt na Gàidhlig - L1 (7) agus L2 (5)
- 20 agallamh – 18 le luchd na Gàidhlig L1 (9), L2 (9) agus 2 a thog leis a' chànan ach chan eil ga cleachdadh a-nis
- 2000 sgrùdaidhean de dh'àireanneachd fhuaimneach cànanach ann an 8 àitichean
  - 4 àitichean le planaichean cànan fhoirmeil fo Achd na Gàidhlig
  - 4 àitichean gun phanaichean cànan fhoirmeil fon Achd

‘Oral or spoken language use is the most natural use of the language. It is the most direct kind of linguistic interaction between two or more individuals. Spoken language use is also characterized by spontaneous improvisation.


The choice of spoken language is often a reflex action rather than a result of reflexion [sic]’

(Altuna & Basurto, 2013: 28)




# Cleachdaidhean cànanach *de facto*: leabhraichean-latha

- 12 leabhraichean-latha (6 L1 agus 6 L2)
- A' clàradh gach conaltradh labhairt thairis air co-dhiù 7 làithean
- Fiosrachadh mu:
  - Àite a' chonaltraidh
  - Aois, gnè agus dàimh
  - Cuspair a' chonaltraidh
  - cànan
- 449 conaltraidhean clàraichte



# Cleachdaidhean cànan de facto – leabhraichean-latha



- Gàidhlig ga cleachdadh anns cha mhòr an darna leth de chonaltraidhean ann an roinn phrìobhaideach
- 50% de chom-pàirtichean an sàs ann an ‘obraichean Gàidhlig’
- Foghlam – clasaichean / cearcall còmhraidh Ghàidhlig
- Cleachdadh na Gàidhlig nas ìsle le solaraidhean sheirbheisean

Gàidhlig ga cleachdadh ann an 48% de na conaltraidhean

## Ideòlasan cànanach – agallamhan

Cànan ga cleachdadh ann an roinnean *Gemeinschaft* – cleachdaidhean cànanach stèidhichte:

“Tha mi an-còmhnaidh a’ cleachdadh Gàidhlig lem phàrantan – cha bhi e nàdarra dhomhsa Beurla a chleachdadh leotha” – Participant 9 (female, < 30, L1)

“Tha a’ Ghàidhlig aig mo bhràthair is mo phiuthar ... thogadh sinn ann an aon teaghlaich leis a’ Ghàidhlig ... ach a-nis is mi an aon tè a tha a’ cleachdadh Gàidhlig lem phàrantan ... bruidhnidh mi Beurla rim bhràthair is phiuthar” Participant 12 (female, 30 – 60, L1)

“Chan eil a’ Ghàidhlig aig mo phàrantan no mo bhràthair ... thog mi an cànan san sgoil ... Tha a’ Ghàidhlig aig m’ antaidh ged-thà agus nuair a tha mi a’ ceilidh oirre cleachdaidh sinn a’ Ghàidhlig ri chèile” Participant 4 (male, <30, L2)

“Feuchaidh mi Gàidhlig a bhruidhinn leis a’ chlann agam – gu sònraichte an tè as òige ... tha e duilich leis an dithis eile oir cha robh sinn a’ fuireach san eilean nuair a rugadh iad ... agus bha sinn a’ cleachdadh Beurla ri chèile ron sin” – Participant 1 (female, 30 – 60, L2)



‘Once a given language is chosen among a given group of speakers, thereafter conversations between those people will ... by far take place in that language... Linguistic habits do change but such change does not happen “on its own” or easily’ (Altuna & Basurto, 2013: 75)

“I speak Gaelic all the time with my mum and dad, and with my brother when I am in the house... When my brother and I are out in the town, we always use English together” – Participant 6 (female, < 30, L1)

“Chan eil a’ Ghàidhlig aig duine mo nighean ... cleachdaidh sinn a’ Bheurla nuair a bhios esan ann” – Participant 2 (male, >60, L1)

“My dad and I use Gaelic in the house except when we are discussing something complex or technical, for example about photography, we use English then” – Participant 6 (female, <30, L1)

“Anns na coinneamhan, uill, ma bhios sinn a’ bruidhinn mu rudeigin cudromach tha sinn uile a’ cleachdadh Beurla, ged a tha a’ Ghàidhlig gu ìre aig a h-uile duine, chan eil iad uile fileanta, mar sin, ma bhios e cudromach, cleachdaidh sinn Beurla gus am bi tuigse aig a h-uile duine” – Participant 3 (female, >60, L2)

“Tha sinn a’ cleachdadh na Gàidhlig san oifis sin, ach uaireannan ... uaireannan tha e duilich rud teicnigeach a mhìneachadh sa Ghàidhlig, ‘s dòcha a thaobh a’ phrinter no a’ choimpiutar – bidh e nas fhasa agus luaithe a’ Bheurla a chleachdadh” – Participant 4 (male, <30, L2)

# Cleachdaidhean cànan *de facto* – àrainneachd fhuaimneach

Fiosrachadh

Buidheann : \_\_\_\_\_ Àite : \_\_\_\_\_

Ceann-là : \_\_\_\_\_ Àm toiseachaidh: \_\_\_\_\_ Àm crìochnaich: \_\_\_\_\_

Fiosrachadh a bharrachd:

Stèidhichte air modail rannsachaidh ann an Dùthaich nam Basgach

Fiosrachadh a thaobh

- suidheachadh
- Àm toiseachaidh agus àm crìonachaidh

Cànan		Com-pàirtichean												Adhbhar	
		Luchd-obrach (f)			Luchd-obrach (b)			Buill-poblach (f)			Buill-poblach (b)				
Beurla	Gàidhlig	<30	30-60	>60	<30	30-60	>60	<30	30-60	>60	<30	30-60	>60	gnìomhachas	Priobhaideach
01															
02															
03															
04															
05															
06															
07															

- cànan
- Aois, gnè is inbhe nan com-pàirtichean
- Adhbhar a' chonaltraidh

4 àitichean poblach le planaichean cànan fhoirmeil

4 àitichean poblach gun phlanaichean cànan fhoirmeil



## Àitichean poblach le plana cànan fhoirmeil

Gàidhlig faicsinneach ann an roinn phoblach:

- Dearbh-aithne chorporra dà-chànanach
- Soidhnichean maireannach dà-chànanach
- Neach-obrach comasach conaltradh a dhèanamh sa Gàidhig




## Àitichean poblach gun phlana foirmeil Ghàidhlig

Gàidhlig faicsinneach ann an roinn phoblach

- Soidhichean no abairtean samhlaichail
- A' Ghàidhlig uaireannan na pàirt de dearbh-aithne chorporra



# Toraidhean àrainneachd fhuaimneach



2000 conaltraidhean le 4563 luchd-labhairt

1020 conaltraidhean ann an àitichean poblach le plana cànan fhoirmeil

- 927 conaltraidhean Beurla
- 93 conaltraidhean Gàidhlig

980 conaltraidhean ann an àitichean poblach gun phlana cànan fhoirmeil

- 891 conaltraidhean Beurla
- 89 conaltraidhean Gàidhlig

## Cleachdadh cànanain de facto ann an àitichean le plana cànanain fon Achd

1020 conaltraidhean:

- 927 conaltraidhean Beurla
- 93 conaltraidhean Gàidhlig


44% de chonaltraidhean Gàidhlig co-cheangailte ri cuspairean gnìomhachas agus 56% ri cuspairean prìobhaideach

Bha luchd-obrach an sàs ann an 40% de chonaltraidhean Gàidhlig

Ann an 23% de chonaltraidhean bha measgachadh de chom-pàirtichean ann

Buill-poblach a-mhàin an sàs ann an 37% de chonaltraidhean Gàidhlig

Ceudad de chleachdadh a rèir com-pàirtichean agus adhbhar



# Cleachdadh cànanain de facto ann an àitichean gun phlana cànanain fon Achd


980 conaltraidhean:

- 891 conaltraidhean Beurla
- 89 conaltraidhean Gàidhlig

Ann an conaltraidhean Gàidhlig bha 7% a thaobh chuspairean gnìomhachas agus 93% a thaobh chuspairean prìobhaideach

Cha robh a' Ghàidhlig ga cleachdadh am measg luchd-obrach


Bha 11% de chonaltraidhean Gàidhlig am measg measgachadh de chom-pàirtichean agus 89% am measg buill-oblach fhèin



## Cleachdadh cànan de facto ann an roinn phoblach

Is ionnan ìre de chleachdadh cànan ann an roinntean poblach – 9.1 %, ach bha com-pàirtichean agus adhbharan cleachdaidh eadar-dhealaichte thairis air an dà sheòrsa àite

Cleachdadh Gàidhlig a rèir chom-pàirtichean agus roinnean



## Na ciad co-dhùnaidhean

Àitichean le plana cànanain fhoirmeil:

- a' Ghàidhlig ga cleachdadh ann an àrainneachd fhaicsinneach, le soidhnichean dà-chànanach agus dearbh-aithne chorporra



## ACH

- Chan eil ìre labhairt a' chànanain nas àirde na ann an àitichean gun phlana cànanain
- Gàidhlig ga cleachdadh ann an conaltraidhean eadar luchd-obrach fhèin agus ann an conaltraidhean prìobhaideach le measgachadh de com-pàirtichean
- Chan eil ìre de chleachdadh na Gàidhlig ann an conaltraidhean co-cheangailte ri cuspairean gnìomhachas nas àirde na ann an àitichean poblach gun phlana cànanain



“Bidh mi dìreach ga cleachdadh leis an teaghlach agus na co-obraichean agam san oifis ... chan eil mi ga cleachdadh anns na bùthan – chan eil fhios agam cò leis a’ chànan” – Participant 16 (female, 30 – 60, L1)